



Teisteanais  
Nàiseanta  
2022

---

**2022 Gàidhlig**

**Sgrùdadh**

**Advanced Higher**

**Finalised Marking Instructions**

© Scottish Qualifications Authority 2022

These marking instructions have been prepared by examination teams for use by SQA appointed markers when marking external course assessments.

The information in this document may be reproduced in support of SQA qualifications only on a non-commercial basis. If it is reproduced, SQA must be clearly acknowledged as the source. If it is to be reproduced for any other purpose, written permission must be obtained from [permissions@sqa.org.uk](mailto:permissions@sqa.org.uk).



## General marking principles for Advanced Higher Gàidhlig: Practical Criticism

*This information is provided to help you understand the general principles you must apply when marking candidate responses to questions in this paper. These principles must be read in conjunction with the detailed marking instructions, which identify the key features required in candidate responses.*

- (a) Marks for each candidate response must **always** be assigned in line with these general marking principles and the detailed marking instructions for this assessment.
- (b) Marking should always be positive. This means that, for each candidate response, marks are accumulated for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding: they are not deducted from a maximum on the basis of errors or omissions.
- (c) If a specific candidate response does not seem to be covered by either the principles or detailed marking instructions, and you are uncertain how to assess it, you must seek guidance from your team leader.
- (d) Candidates should use their own words as far as possible, unless the candidate is discussing or analysing a quotation. Where a candidate merely re-writes sections of the text with no supporting analysis or comment, no marks should be awarded.
- (e) Other answers can be accepted than those in the marking Instructions as long as they are relevant and appropriate. We use the term ‘No freagairt sam bith eile a tha ionchaidh’ to allow for the possible variation in candidate responses. Credit should be given according to the accuracy and relevance of candidate’s answers.
- (f)
  - (i) For questions that ask candidates to ‘**Mìnich...**’ or ask ‘**ciamar...**’, candidates must relate cause and effect and/or make relationships between things clear.
  - (ii) For questions that ask candidates to ‘**Seall mar a tha...**’, candidates must identify features of language and discuss their relationship with the ideas of the passage as a whole. Features of language might include word choice, imagery, tone, sentence structure, punctuation, sound techniques, and so on.
  - (iii) For questions that ask candidates ‘**Carson, nad bheachd...**’, candidates must make a personal judgement based on the text and task.

The following notes are offered to support markers in making judgements on candidates’ evidence.

## Stiùiridhean Comharrachaidh

### Teaca 1 –Ficsean: Bàrdachd

Ceist		Freagairt a thathar a’ sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
1.		<p>'S i ciùineas/sìth/sàsadh/toileachas/sonas an fhaireachdainn (1)</p> <p>Tha am bàrd a’ cruthachadh seo le bhith a’ cleachdadh:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• <u>taghadh-facail</u> - Tha e ag innse gu bheil gach ball den teaghlach ‘<i>aig sìth</i>’/‘<i>cho riaracht</i>’/Tha e ag innse gu bheil suidheachadh dòigheil ann - tha an gille-frithealaidh ‘<i>a’ dèiligeadh ri ’n uile feum</i>’/Tha e ag innse gu bheil an teaghlach air an dòigh ‘am measg an daoine fhèin’ (1)</li> <li>• <u>structar</u> - Tha am bàrd air a’ chiad dà loidhne a bhriseadh le cromagan gus suidheachadh ciùin, socair a chruthachadh - ‘<i>Teaghlach Sionach, a’ bruidhinn Cantonios, Ag ith’ an taigh-bìdh Shìonaich, a h-uile h-aon aig sìth</i>’. Tha seo a’ toirt astar/ruitheam slaodach, dòigheil dhan bhàrdachd. (1)</li> </ul>	3	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
2.		<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha an seanair agus an ginealach fon sin a' bruidhinn Cantonios - an ciad chànan agus an cànan anns a bheil iad cofhurtail/dòigheil. (1)</li> <li>• Tha an gille-frithealaidh dà-chànanach - a' bruidhinn Beurla ris a' bhàrd agus Cantonios ris an teaghlach. (1)</li> <li>• Tha oghaichean an teaghlaich a' bruidhinn na Beurla ach chan eil Cantonios aca (<i>'cha b' urrainn dhaibh tuigsinn Cantonios'</i>) (1)</li> </ul>	3	
3.		<ul style="list-style-type: none"> <li>• Chan eil e gan càineadh - Tha e <i>'duilich air an son'</i> chan e an coire aca fhèin a th' ann nach eil an canan aca (1)</li> <li>• “Bu truagh leam”/“chluinneadh tu le pian” - tha e tàmailteach nach urrainn dhaibh conaltradh ri “am measg an cuideachd fhèin” (am pàrantan agus an seana-phàrantan) anns a' chànan a bu chòir a bhith aca/an ceangal ri chèile. (1)</li> </ul>	2	

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
4.	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha am bàrd dèidheil air a bhith a' coimhead air daoine eile agus a' beachdachadh air am beatha. Tha e ag innse dhuinn gun robh e an dòchas <i>'gum biodh e (an gille-frithealaidh) fad' gun tighinn'</i> gus am biodh cothrom aige beachdachadh air an teaghlach sin. /Tha e aonaranach - tha e leis fhèin, tha barrachd ùidh aige anns na tha a' dol air adhart timcheall air aig na bùird eile na na tha na bheatha fhèin (1)</li> <li>• 'S e duine a tha sa bhàrd dha bheil teaghlach cudromach: <i>'Bha trì ginealaich dhen teaghlach ann a-shin - Bho sheanair sìos gu oghaichean bha ceithir fichead bliadh'</i>. (1)</li> <li>• Tha tònna blàth na bàrdachd a' nochdadh dhuinn gur e neach a th' ann a tha a' cur fàilt' air daoine a thig à dùthchannan cèin' agus a nì an dachaigh ann an Alba/tha am bàrd a' cur luach air mar a chuireas iad ri cultar na dùthcha. (1)</li> <li>• 'S e neach le co-fhaireachdainn a th' ann do dhaoine eile - <i>"chluinneadh tu le pian"/"Bu truagh leam"</i> (1)</li> </ul>	2	

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
5.	<p><b><u>Ioranas</u></b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha am bàrd ag innse dhuinn gun robh e ‘<i>n dòchas gum biodh e (am biadh) fad’ gun tighinn</i>’. Tha daoine mar as trice ann an cabhaig am biadh fhaighinn ach tha am bàrd airson gum bi ùine mhòr ann gus am faigh e cothrom an suidheachadh a th’ anns an taigh-bìdh a sgrùdadh. (1)</li> <li>• Tha faclan de Chantonios aig a’ chloinn a tha iad a’ cleachdadh anns a’ Bheurla aca: “<i>I’ll have some chow mein please.</i>” ach chan urrainn dhaibh an cànan a thuigsinn no a bhruidhinn. (1)</li> </ul> <p><b><u>Comhardadh</u></b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Chithear comhardadh mar as trice eadar am facal mu dheireadh anns a’ chiad agus an dàrna loidhne de gach rann agus an uair sin eadar am facal mu dheireadh anns an treas agus a’ cheathramh loidhne: ‘<i>Cantonios - pris/fad’ - ac’ ...</i>’ Tha seo a’ toirt air ruitheam na bàrdachd a bhith siùbhlach. (1)</li> </ul> <p><b><u>Uaim</u></b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha am bàrd a’ cleachdadh uaim gus faclan a tha ceangailte a thaobh ciall a cheangal còmhla: ‘<i>cànan cùin</i>’ (1)</li> </ul>	2	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
6.		<p><i>Seo eisimpleir air sàr fhreagairt:</i></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• 'S i am prìomh theachdaireachd nach eil a' Ghàidhlig ga toirt seachad dhan ath-ghinealach - eadhon anns an dùthaich dham buin i. <b>(1)</b></li> <li>• Choilean am bàrd an t-amas seo le bhith ag innse mu shuidheachadh an teaghlaich Shìonaich seo agus le bhith a' cruthachadh co-fhaireachdainnean dhan t-suidheachadh-cànain anns an robh iad. <b>(1)</b></li> <li>• Chleachd am bàrd ìoranas ann a bhith a' sealltainn cho truagh 's a tha e gu bheil an aon rud a' tachairt dhan Ghàidhlig - ach '<i>nar dùthaich fhèin</i>'. <b>(1)</b></li> </ul>	3	<p><i>Gabh ri freagairtean iomchaidh eile:</i></p> <p>me, gur e rud air leth luachmhor a th' ann an cànan agus gur e call mòr a th' ann nuair a tha teaghlach ga chall/gu bheil a' Bheurla a' gabhail thairis air a h-uile cultar agus cànan <b>(1)</b></p> <p>mìneachadh air mar a choilean am bàrd amas <b>(2)</b></p>

Teacsa 2 – Neo-fhicsean: Rosg

Ceist		Freagairt a thathar a’ sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
7.		<p>Eisimpleirean air freagairtean làidir:</p> <p>Tha an sgrìobhadair a’ toirt iomradh air eòlas pearsanta fhèin - Tha e ag innse mar a “Bha mi a’ bruidhinn ri caraid ... mun aimisir is dh’aontaich sinn...” mar a tha an t-sìde air atharrachadh.</p> <p>Tha e a’ toirt iomradh air fianais nan eòlaichean gnàth-shìde/àireamhan bho rannsachadh saidheansail</p> <p>Tha e ag innse mar a tha “iomagain cuideachd am measg eòlaichean gnàth-shìde”/“aon cheum nas àirde bho 1760-1830 chun an latha an-diugh”</p> <p>Tha e a’ cleachdadh eisimpleirean/a’ sealltainn gu bheil atharrachaidhean mòra air tachairt - “na pòlaichean a’ leaghadh/ìre na mara ag èirigh/a’ bhuidh aca seo air fàs biadh an t-saoghail.”</p>	3	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
8.		<p>“fortan air muin fortain” - ath-aithris air an fhacal “fortan” gus sealltainn mar a tha iad a’ cur prothaid os cionn cor na h-àrainneachd.</p> <p>“fèinealachd agus beairteas” - 'S e canan faireachail a tha e a’ cleachdadh agus tha cuideam air a chur air an dà rud oir tha iad a’ neartachadh a chèile ann an dòigh oir tha am fèinealachd a’ leantainn gu beairteas.</p> <p>“a’ riaghladh” - tha pearsachadh air prothaid is airgead an seo mar gur e rudan beò a tha annta a tha os cionn nan companaidhean mòra mar rìgh cumhachdach a dh’fheumas iad leantainn.</p> <p>“gnìomhachasan salach” - tha a’ bhuidheann seo a’ sealltainn gu bheil na gnìomhachasan seo a’ truailleadh na h-àrainneachd</p>	2	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
9.		<p>Tha “còrr air fichead bliadhna bho thòisich còmhradh...” Tha seo a' sealltainn gun robhar a' feuchainn ri rud gu math doirbh a dhèanamh. Bha dùthchannan air a bhith a' bruidhinn anns an ùine sin agus cha deach aonta a ruighinn.</p> <p>Bha cuid de na dùthchannan “nan nàimhdean dha chèile” agus bhiodh e doirbh dhaibh obrachadh còmhla.</p> <p>Cha robhar ag amas air isleachadh idir ach an ìre àrdachaidh a chumail sìos “fo leth-cheum Celsius” - tha gu bheil an t-amas seo cho ìosal a' sealltainn cho doirbh 's a bha e aontachadh a ruighinn.</p> <p>Bha “barrachd air dà cheud dùthaich” air an riochdachadh san Aonta - 's e àireamh glè mhòr de dhùthchannan an t-saoghail a tha seo airson faighinn còmhla gus aonta a ruighinn.</p>	3	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
10.		<p><b>Eagal/clisgeadh/rabhadh</b> - "... no thèid an saoghal na smàl". Tha an àibheiseachadh/fàidheadaireachd seo a' feuchainn ri eagal a chur oirnn no toirt air an leughadair clisgeadh/gabhail ri taobh an sgrìobhadair.</p> <p><b>Searbhachd/sàrachadh</b> - "Tha an t-àm airson bruidhinn seachad." Tha e a' feuchainn ri mì-fhoighidinn a dhùsgadh anns an leughadair gus mothachadh gur e gnìomhan a tha cudromach.</p> <p><b>Cinnt/daingneachd/dùbhlán</b> - "Feumaidh sinn uile ar dleastanas a ghabhail agus an àrainneachd a dhìon" Tha pàirt againn uile ri chluich a thaobh an t-suidheachaidh seo.</p> <p><b>Gaisgeachd/dànachd/brosnachadh</b> - "dànachd is daingneachd ann a bhith a' seasamh an aghaidh nam breug is nan leisgeul" Tha e airson gun tuig an leughadair gu bheil taobh ceart is ceàrr ann/ceartas agus ana-cheartas/math agus olc.</p>	2	Gabh ri tònna iomchaidh sam bith eile le dearbhadh

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
11.		<p>'S e seo adhbharan a bhios cuid (leithid chompanaidhean no luchd-poilitigs) a' cleachdadh airson a bhith a' seachnadh an cuid dhleastanasan a thaobh na h-àrainneachd/a' cumail a' dol mar a tha sinn./Tha iad ag ràdh nach eil an t-àm ceart atharrachaidhean a dhèanamh.</p> <p>Tha na cromagan turrach (“...”) a' sealltainn tona magaidh air mar a tha na h-aon argamaidean seo air an cleachdadh mar leisgeulan./'S e abairtean-goireasach a bhios daoine a' cluinntinn anns na naidheachdan a tha seo anns nach eil susbaint no brìgh.</p> <p>Tha e airson 's nach bi sinn air ar cur air seachran leotha. Tha e airson 's gum faic sinn an dealbh mhòr ('s e cor na h-àrainneachd as cudromaiche) an àite a bhith a' smaoinichadh dìreach mun àm seo, airgead is ar feumalachdan fhèin.</p>	2	

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
12.	<p>Tha e a' cleachdadh meatafor turas-rathaid a tha a' sàmhlachadh suidheachadh na h-àrainneachd agus a' bhuidh a th' againn air sin.</p> <p>Tha an ìomhaigheachd a' tòiseachadh agus an sgrìobhadair ag ràdh gu bheil sinn “ar saoghal a-nis aig crois-rathaid”. Tha an sgrìobhadair a' dèanamh soilleir gu feum sinn roghainn a dhèanamh a thaobh na h-àrainneachd</p> <p>“’s ann fada a tha an rathad mar coinneimh agus ’s iomadh lùb agus car a bhios air mus ruig sinn ar ceann-uidhe”. Ged a bha Aonta Pharis cudromach cha robh ann ach toiseach-tòiseachaidh agus tha gu leòr obrach ri dèanamh fhathast</p> <p>“Ma ghabhas sinn an t-slighe cheàrr, is e lèirsgrios na h-àrainneachd agus mhic-an-duine fhèin a bhios a' feitheamh aig deireadh an rathaid”. Tha an suidheachadh fìor agus am meatafor a' tighinn còmhla anns an t-seantans seo./Tha an ìomhaigheachd leantainneach a' tighinn gu àirde le fìor rabhadh gum feum sinn gabhail ri teachdaireachd an sgrìobhadair</p> <p>“An Cothrom Mu Dheireadh” - mura gabh sin an t-slighe cheart an-dràsta fhèin cha bhi dol air ais ann</p>	3	<p>Gabh ri freagairtean iomchaidh eile.</p> <p>Aon chomharra airson a' mheatafor air a mhìneachadh agus dà chomharra airson fianais a' toirt taic.</p>

[CRÌOCH STIÙIREADH CEARTACHAIDH]